



## Tìotal: Feise

### Pàirt 2: A' dèanamh roghainnean/A' cur dàil air feise

Ìre: TREAS/CEATHRAMH

#### Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e a bhith a' faighinn spèis agus a' toirt spèis do dhaoine tro dhàimhean, agus 's urrainn dhomh innse carson. HWB 3-44a</p> <p>Tha mi a' beachdachadh air mar a bheir mo bheachdan, chreideas, luachan is moraltachd buaidh air mo cho-dhùnidhean mu chàirdeas, dhàimhean is dhol-a-mach ghnèitheasach. HWB 3-46a</p> <p>Tha fios agam mar a làimhsicheas mi suidheachaidhean a thaobh mo shlàinte agus mo shunnd ghnèitheasach agus tha mi ag ionnsachadh tuigse de ghiùlan ghnèitheasach iomchaidh. HWB 3-49a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>A' mìneachadh carson a tha dìlseachd, earbsa agus spèis aig meadhan cùraim dhutsa agus do dhaoine eile.</li> <li>Eòlach air na sgilean conaltraidh a dh'fheumar airson feise shàbhailte agus thlachdmhor, mar eisimpleir ag aithneachadh nuair atha an t-àm freagarrach, cùram co-rèireach airson stad a chur air leatromachadh nach eilear ag iarraidh, cleachdadh casg-ghin, misneachd a thaobh stad a chur air suathadh feseil gun iarraidh.</li> </ul>

#### Amasan ionnsachaidh

- Gum bruidhinn daoine òga mu fheise mar phàirt de dhàimhean inbheach aig a bheil coibhneas, gaol agus dlùth-cheangal mar bhun-stèidh.
- Gun dèan daoine òga sgrùdadh air cò ris a bhiodh a' chiad eòlas aca air feise coltach, air a dhealbhadh mar chòir dhaoine òga a bhith fallain, toilichte agus sàbhailte nan dàimhean pearsanta is dlùth mar inbhich.
- Gum bi aois aonta air a daingneachadh.
- Gum bi daoine òga air am brosnachadh gus dàil a chur ann an dol an sàs ann am feise.

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu na tha mi ag iarraidh bho dhàimhean.
- Tha mi a' tuigsinn gu bheil e ceart gu leòr gun a bhith ann an dàimh.
- Tha mi a' tuigsinn nach fheum feise a bhith na phàirt de dhàimhean romansach.
- Tha mi ag aithneachadh nan cuideaman a th' air daoine òga a bhith ri feise.
- Tha mi a' leasachadh na tuigse agus nan sgilean a bhios a dhìth orm airson nam faireachdainnean làidir a tha a' tighinn an cois dàimhean romansach a làimhseachadh.

#### Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Are you ready to have sex?* bho amaze.org (faid 3 mion. 20) <https://youtu.be/LV5IoN-Hds0>
- Cairtean agallaimh: Dè an seòrsa dàimh a tha mi ag iarraidh?
- Gèam Phrìomhachasan: A' chiad turas ri feise – Dè as cudromaiche dhòmhsa?

- **Slaighd/fiosachadh air a dheasachadh leis an tidsear/neach-foghlaim ro-làimh mu sheirbheisean slàinte-feise ionadail no ionadan-tadhail agus/no seirbheisean air-loidhne air an lìbhrigeadh leis a' bhòrd-slàinte no a' bhuidheann compàirtiche treas roinn.**

*Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.*

## Obair

1. Ro-làimh, ruith thairis air na cairtean/ceistean dìomhair bhon t-seisean mu dheireadh, agus cuir a-steach fiosrachadh far an urrainn dhut. 'S dòcha gum biodh e feumail an cur còmhla a rèir chuspairean farsaing airson beagan deasbaid far a bheil sin iomchaidh, rè no aig deireadh an t-seisein. Tòisich le ruith-thairis air an leasan mu dheireadh - bhruidhinn na daoine òga mu na draghan no na cuideaman a dh'fhaodadh a bhith air daoine òga mu bhith ri feise. Tha an seisean seo mu na seòrsaichean dhàimhean a tha daoine òga ag iarraidh, an seòrsa cèile a bu mhath leotha a bhith aca, agus mu mar a bhios neach òg a' co-dhùnadh cuin a tha an t-àm ceart airson smaoineachadh mu bhith ri feise. Minich gun dèilig thu ris na ceistean (an-dràsta/rè an leasain).
2. **Dè an seòrsa dàimh a tha mi ag iarraidh?** Iarr air na daoine òga obrachadh nan dithisean (còmhla ri caraid no cuideigin a tha iad rèidh ris) agus a' cleachdadh nan cairtean *ceistean proimt* faodaidh iad agallamhan a dhèanamh ri chèile - chan eil aca ri sìon a sgrìobhadh. Airson an t-òna a sheatadh, iarr orra smaoineachadh gu sàmhach airson mionaid mu bhith beagan nas sine, 's dòcha nas fhaide air adhart mar dheugairean, 's dòcha nas sine na sin. Iarr orra leigeil orra gu bheil iad ann an dàimh, dè tha iad a' faicinn nan ceann? Dè tha iad ag iarraidh no dè tha iad an dòchas?

### **Dè an seòrsa dàimh a tha mi ag iarraidh?** Cairtean agallaimh/Còmhradh charaidean

- A bheil thu a' smaoineachadh mu bhith a' dol a-mach còmhla ri cuideigin, a' fuireach còmhla ri cuideigin, a bhith pòsta?
- San dàimh agaibh, dè nì thusa agus do chèile còmhla?
- Ciamar a tha sibh a' toirt air a chèile faireachdainn?
- Dè bhios iad a' ràdh riutsa? Dè bhios tusa a' ràdh riuthasan?
- Inns ann an 5 faclan mar a shaoileas tu a bu chòir dhad chèile a bhith:
- Inns ann an 5 faclan mar a shaoileas a bu chòir dhan dàimh agaibh a bhith:

Às dèidh còmhradh ann an dithisean, faigh fios-air-ais gu saor-thoileach agus dèan còmhradh/deasbad, dèan sgrùdadh air rudan a tha coltach/eadar-dhealaichte, far a bheil daoine òga mì-chinnteach msaa.

3. Inns gum faod feise a bhith na phàirt de dhàimh dhlùth no romansach, agus gu bheil e cudromach beachdachadh air an àm a tha ceart dhutsa. Tòisich leis an fhilm, tha e spòrsail agus tha fiosrachadh ann a tha feumail airson a bhith a' dèiligeadh ris a' chuspair: **Are you ready to have sex?** Bho [amaze.org](http://amaze.org) (faid 3 mion. 20) <https://youtu.be/LV5IoN-Hds0> Èist ri ciad bheachdan an dèidh dhuibh am film a choimhead.
4. **Ri feise airson a' chiad turas – Dè bhiodh cudromach dhòmhsa?** Inns dhan bhuidheann a-rithist gum faod feise a bhith na phàirt de dhàimh nuair a tha an t-àm ceart dhan chupal. Minich an obair mar seo: Mus bi thu ri feise còmhla ri cuideigin airson a' chiad uair, tha tòrr rudan a tha cudromach agus is fhiach beachdachadh orra. Air na cairtean (prop rin sgaoileadh) tha 9 rudan a bheir buaidh air dàimh a thaobh feise - chan ann a-mhàin a' chiad turas ach a h-uile turas. 'S e a' cheist cò aca as cudromaiche dhut? Anns na dithisean/triùirean feuchaibh ri aontachadh cò na rudan a tha nam prìomhachas - agus smaoinichibh air carson? Mura h-urrainn dhuibh aontachadh, dh'fhaodadh dreachdan eadar-dhealaichte a bhith agaibh. (Sgaoil an cumadh 9/dòigh prìomhachais an daoimein/prop). Cuir a' cheist air an t-slaighd agus an uair sin faodaidh daoine òga na cairtean a chur ann an òrdan:

### Ri feise airson a' chiad turas – Dè as cudromaiche dhòmhsa?

- Gu bheil earbsa ann an càch a chèile
- Gu bheil faireachdainnean làidir againn dha chèile
- Gu bheil spèis againn dha chèile
- Gum bi sinn a' bruidhinn mu rudan
- Gu bheil sinn toilichte còmhla
- Gu bheil sinn a còrdadh ri chèile mar dhaoine
- Gum bi sinn a' gaireachdainn còmhla
- Gu bheil fios aig an dithis againn dè tha sinn ag iarraidh
- Gu bheil sinn air bruidhinn mu shàbhailteachd (condoman agus/no casg-gin)

Tro fhios-air-ais agus còmhradh/deasbad daingnich gu bheil iad seo GU LÈIR cudromach, ach cleachd fios-air-ais airson sgrùdadh a dhèanamh air dè tha cudromach do dhaoin' òga agus carson. Faighnich: An tàinig sìon suas a tha a dhith bhon liosta bheachdan seo?

5. **Carson a dh'fhaodadh aithreachas a bhith air daoine mu bhith ri feise?** Aidich gum bi athreachas air daoine uaireannan mu bhith ri feise. Seall an slaighd:

**Tha aithreachas a' ciallachadh a bhith a' faireachdainn duilich no brònach mu rud.**

Cuir a' cheist, *a thaobh na thuir sinn mu na bhiodh cudromach mus biodh tu ri feise, carson a chanadh tu a dh'fhaodadh aithreachas a bhith air neach mu bhith ri feise?* Cleachd an ath shlaighd a chuireas ris a' chòmhradh:

#### **Carson a dh'fhaodadh aithreachas a bhith air daoine mu bhith ri feise?**

- Tha an neach gu tur eadar-dhealaichte mar neach seach mar a bha thu an dùil.
- An fhaireachdainn gun robh còir agad feitheamh
- Cha do chòrd e riut, cha robh e mar a bha thu an dùil
- Ri feise gun dìon/cunnart STI/cunnart leatromachd
- Cha robh a dhith air an neach eile ach feise, chan eil iad airson eòlas a chur ort
- 'S toigh leat cuideigin eile – b' fheàrr leat nach do rinn thu e.

**NÒTA:** Thoir an aire do bheachdan gu bheil aithreachas pearsanta air neach òg mu thachartas a bha ann an dà-rìreabh *na dhroch-dhìol/an aghaidh an toil no fàirneartach*, mar eisimpleir cuideam a bhith ri feise, maoidheadh msaa. Èist ri freagairtean sam bith, ach inns dhaibh nach robh còir aithreachas a bhith air an neach òg mun seo oir b' e giùlan an neach eile a bh' ann, agus gum bu chòir dhan neach òg an-còmhnaidh bruidhinn ri cuideigin.

6. **Comhairle do dhaoin' òga.** Iarr air na daoin' òga obrachadh ann an dithisean no triùirean. Cleachd an slaighd airson an eacarsaich a mhìneachadh – Leig ort gu bheil thu 21. Tha thu a' coimhead air ais gu do bhliadhnaichean nad dheugaire agus chaidh iarraidh ort tilleadh dhan sgoil gus comhairle a thoirt dha na daoin' òga mu dhàimhean agus feise. Dè a' chomhairle a bheireadh tu? Smaoinich air 5 rudan agus cunnt iad air do chorrangan. Lean air an seo le fios air ais agus còmhradh – a' coimhead airson rudan a tha coltach agus eadar-dhealaichte agus airson tèamaichean. Far an gabh e dhèanamh, tarraing aire ma tha na daoin' òga a-mach air dàil a chur ann an dol an sàs ann am feise, airson an dàimh cheart. Ma tha e cuideachail, cuir na prìomh bheachdan no tèamaichean air an Smartboard.

## 7. Fiosrachadh agus comhairle

- Sgaoil fiosrachadh chun nan daoine òga mu sheirbheisean ionadail slàinte feise no Ionadan tadhail – Mura h-eil iad ionadail, cleachd fiosrachadh bhon eadar-lìon mu sheirbheisean a' Bhòrd Shlàinte ionadail. Can riutha gur ann airson an àm ri teachd a tha seo ged nach biodh iad airson a chleachdadh an-dràsta.
- ChildLine: Cuimhnich dhan chlas/bhuidheann gur e Childline an t-seirbheis dhìomhair *do dhaoine òga dhen aois acasan* ma tha iomagain orra no ma tha iad airson bruidhinn ri cuideigin mu bhith fàs nas sine, air a' fòn no air-loidhne.

8. **Ceistean:** Ma tha thu air ceistean sam bith eile bhon t-seisean mu dheireadh a chur còmhla (agus nach deach dèiligeadh riutha tron t-seisean), is e seo an t-àite airson freagairtean a thoirt seachad. Ma tha cuid de cheistean gu sònraichte mu shuidheachadh no gnìomh feise nach eil thu a' meas iomchaidh, bruidhinn mu dheidhinn sa chlas, inns sin dhan chlas. Brosnaich na daoine òga gus fiosrachadh agus cuideachadh a shireadh bho na stòran a chaidh ainmeachadh. Cuir nan cuimhne gum faod iad tighinn thugad nan aonar ma tha dragh no iomagain orra.

**Còmhradh.** Ma tha ùine ann ... Chrìochnaich an seisean mu dheireadh mar seo: **Tha feise mu mar a tha thu a' faireachdainn nad cheann agus nad bhodhaig. Mar sin chan ann dìreach mu bhith 'ga dhèanamh' a tha e. Tha e mu na faireachdainnean agad cuideachd.** Seall an slaighd a-rithist agus iarr beachdan air na daoine òga mu na tha e a' ciallachadh dhaibh a-nis.

## Ceangal ris an dachaigh

- Tha teacsa an cois an leasain **Mar a bhios daoine ri feise /A' chiad turas ri feise**

## Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:

- Mar a bhios daoine ri feise /A' chiad turas ri feise

## Nòtaichean Tidseir

